's luchd-muirt a dhealbhas bàs ;

Is praisgan fanoideach gun feirc,  
a bhreabas tairgse gràis ;

As m' fhiadhnaid togbhar 'stilgear iad,  
cuibhricht' le langar cruaidh.

Am boilsgean fairg' na dearg-lafair,  
le 'n cloidhear iad gu truadh.

Air deis a' bhreitheamh guidhim bith  
tràth theicheas fonn is cuan !

Is e ga m' fhàilteachadh air m'ainm,  
's ga m' bheannachadh gu buan !

58 L A O I D H XXXIX.

13 Cia fhad uainn' 'noisla breitheamhnai' Sion  
a Thighearna, cia fhad!

O! ruidheadh aimsir feach gu luath,  
is tarladh e gu grad!

L A O I D H XXXIX.

JOB. iii. 17.—20.

1 C Ia sàmhach tofdach an leab' uaig  
a ghabhail tàimh is fois! [in  
Theid crìoch air dragh luchd-aing' each  
's gheibh daoine sgith int' clos.

2 Cho chaidh am prios' nach (saort' ann si  
ann gheibhlibh teann na cloidh':

Cho dochain smachd an droich-rìgh bhuir'  
's is balbh guth mìlt-fhìr dhaoidh.

3 'Ta tràill is Tighearn', beag is mòr,  
coimh-fhìnt' ann sin le cheil':

'Ta naimhde mòr int' taobh re taoibh  
gun dùbh-'lan borb nam beal.

L A O I D H XL.

1 PET. i. 3.—5.

1 B Eannaicht' gu raibh an Dia sùr-bhe  
caomh-athair Chrìost ar Triath

Sion-mholt' a thròcair phailt' nach traogh,  
's a mhòrdhachd naomh' gu bràth.

O'n uaigh tràth ghairme aon-mhac caomh  
's airis chum Neamha fuas,  
D'ar nan' maibh thuglan-dòchas dearbh,  
nach blais iad choidhch' am bàs.

Ciod e ge d' thoill ar peaca croidh'  
gu tuit ar feòil 'n a smùr;

Gidheadh mar dh'eirich Crìost o'n uaigh,  
'rìs eirghidh sinn o'n ùir.

Air choimhead chum na h'ais-eirghe  
'ta oighreachd mhòr nan naomh,  
Neamh-thruaillt', gun fal, 's cian-mhair-  
theannach

r'a mealtain choidhch' air Neamh.

'S tearaint' fa cheannsal Chrìost gach  
gu teachd an t'fonais mhòir: [naomh  
Le creideamh 'n fo, maghluaisear leinn',  
fuas gairmear sinn gu Glòir.

LAOIDH XLI: I COR. xv. 52. gu crìch.

**L**E fuaim na gall truimp dheirannaich  
criothnaichidh 'm fonn gu garbh,  
Fosglaidh gach uaigh is brùchdaidh 'n-ìos,  
chum beatha cuirp nam marbh.

2 Feach, eirghidh cuirp nan faoidh ann sin,  
gun truaille no mi-sgeimh :

Iad bàs-mhor thuit, ach eirghidh chum  
neamh-bhàs-mhorachd air Neamh.

3 Feach fàist'neachd fhior nam faidhe  
lanchoimh-liontafadheòidh; [naomh'.

Do cheannsal beatha gu geill bàs'  
's gu bràth nach tog arm-cloidh'.

4 Suas togbhadh creideamh luath-ghair  
is canadh e an laoidh-s': [ait

C'ait 'nois a'm bhuil do ghath a bhàis.  
c'ait' uaigh a'm bhuil do bhuaidh-s'

5 'S i chogus chiontach, fhein-reabach,  
fleagh chorrnach a' bhàis :

A fhàthar le lagh Dhe gu teann,  
ann croidhe luchd mio-ghràis.

6 Ach beannaicht' gu raibh Dia gu bràth  
a dhio-armaich ar namh'; [bhasach

'S bheir buaidh dhuinn' air bàs uàth  
trid Chrìost ar ceann-ard caomh.

7 'Nois uim-e-fin fìor-shaothraichibh,  
ag cur lagh' Dhe ann gnìomh;

'S bheir Josa luach ar faothair dhuibh  
neamh-bhàs-mhorachd air Neamh.

## L A O I D H XLII.

2 COR. V. 1.—II.

- G** Rad-thuitidh an corp talmhaidh fo  
 'n a smùr, le buille bhàis :  
 Ach gheibhar nam comhnuidh 's fearr,  
 air Neamh, o Dhia nan gràs. [ghrinn,  
 Gheibh anam fìor-ghlan comhnuidh  
 tigh fìor-ruidh togt' le Dia ;  
 Tràth thuiteas balla phrìofoin fo,  
 a's gainn-tir cumhain d'a.
- 3 Lain-sgith do'n eire thalmhaidh fo,  
 's tric thairngear osna leinn' ;  
 Ach faoraidh bàs ar n an'ma uaith',  
 's bheir Dia leis dh'a thigh finn.
- 4 Feach, lom-nocht' choidhch' cho b'aill  
 leinn' bith,  
 air teicheadh dhuinn o'n chorp-s' :  
 Ach càil nach balaich thoirt do chruth  
 a's oirdheirce na 'n corp-s'.
- 5 Is i so muinghin luchd deagh bheas,  
 a fhuair iad o Dhia caomh :  
 'S mar àirlis feilbh' ann rioghachd Neamh',  
 dhoibh thug e 'n Spiorad Naomh'.

- 6 Thig creideamh beo air gealla Dhe,  
 's-ann triallaidh finn gu rath :  
 Ach, feadh is comhnuidh dhuinn' an corp,  
 's fa'd leinn' gu teachd ar Triath.
- 7 Na 's ait le creidheamh chreidfin, 's fa'd,  
 's ro-fhad, leinn' uainn' an teachd :  
 Air imire b'ait leinn' dol o'n fheadil ;  
 's bith leats' a Thriath ! gu beachd.
- 8 Ach ann fa' chorp, no as a' chorp,  
 's i crìoch ar guth 's ar gnìomh,  
 Ar n'ùin a chaithear 'n obair Chrìost,  
 a chrìochnach' 'n a ghradh caomh.
- 9 Chum cathair-breitheamhnais Mic De,  
 oir, cruinnichidh gach neach,  
 'N sin dh'fhaghail pèin no tuarasdail,  
 o làmhaibh comh-thromach.
- 10 'N sin, breith neamh-chlaon 's neamh-  
 chaochladhach  
 gheibh giùlan maith is faith :  
 'S bithidh ar fìor-ruidheach mar thoill  
 ar gnìomhar', ole no maith.

LAOIDH XLIII. TAISB. vii. 13—17.

**N**Ach deàlrach Glòir nan an'man ùd!  
 cia thug dhoibh 'n trufgan grinn?  
 Cia



- Cia dh' àrdaich iad chum comhnuidh foills',  
a dheàlras feadh gach linn?
- Feach! sùd an dream, ofheachair ghairbh,  
a dh' eirich chum maith bhuaibh;  
'S ghealaich an truigan ann am fuil,  
fuil ioc-shlaimteach an Uain.
- 'Nois fleachdaidh fiad le glùnaibh lùbt',  
am fiadhnais cathair Dhe;  
'S le an'maibh cràbhach molaidh fiad  
a mhòrdhachd, feadh gach rè.
- 4 Ni fiadhnais De gach anam ait;  
gleasaidh gach beal gu feinn: [tràth  
Ath-chanaidh 'n teampull naomh' gach  
gach Ard-Hofanna bhinn.
- 5 Cho dochain tart no ocras chaoidhich',  
no boilge loisgeach grein:  
'S e Dia ar grian, 's o dheàlra caomh  
sgaoilidh fìor-la ann cein. [fein
- 6 Saodaichidh 'n t Uan a naoimh-threud  
gu tobar slaint' nach traigh;  
'S gu càirdeil fiabaidh bhàrr an gruaidh,  
dear do-broin agus truaidh'.

LAOIDH XLIV.

GEN. xxviii. 20, 21, 22.

[taicl

- 1 **D**Hebhethel, led' laimh thoir-bhear  
's tu bheathaich t Ifr'el fein!  
'S ar fins' reachd trid an oil'-thire,  
's tu threòraich mar an ceadn'.
- 2 Ar mòide umhal bheir sinn dhuit;  
is àdhradh mar an ceadn':  
Lain-earbaidh sinn gu muinghineach  
re d'fhreasdal caomh sinn-fein.
- 3 Anns na garbh-rodaibh do-choiseachd,  
ma threòraicheas tu sinn;  
Ar n aran laitheil 's trusgan cuirp,  
ma dheonaicheas tu dhuinn'.
- 4 Um-ainn ma sgaoileas tu do sgiath,  
is sinn le feachran sgith:  
Gus an rig ar n anama teach,  
ar n Athar chaoimh ann sith:
- 5 Dhear coimh-cheangail, bheir sinn dhuit,  
sinn-fein 's ar geill mar-aon; [dhuit,  
'S cho toir sinn 'mhàin ar deachmhadh  
ach iom-laineachd ar maoin'.

LAOIDH

## L A O I D H XLV.

TAISB. i. 5.—9.

**A**N Dia-dhuin' ghràdhaich an'ma  
dhaoin',

's a nigh dhinn' ciont' le fhuil ;

A rinn dhinn' Rìgh' is Sagarta  
d'a Athair Dia nan dùl :

Lionar gach beal le binn-cheol d'a,  
's gach croidh' le teas-gradh caomh !

Air talamh canar buidh' chas d'a,  
's air Neamh le ainglibh naomh' !

3 Feach, teachd Mic De air nealaibh luath,  
's ait leis gach naomh an la ;

Feadh ghuileas a luchd casgraidh truadh,  
le amh-ghar is le crà'. [nach ;

4 'S mi 'n cead neach 's an neach deirean-  
's leam bith gun tùs gun chrìoch :

Maith, glic, is uileachumhachdach,  
bha, 'ta mi, 's bithidh choidhch' !

C R I O C H.

# NOCHDOIR TEAGSA nan

Reimh-eidir-theangachadh.

Aireamh.		Taobh-dhuilleog.
1.	LUC. ii. 8 <sup>1</sup> —15.	7
2.	Luc. i. 46.—59.	8
3.	Luc. ii. 29.—44.	9
4.	Luc. iv. 18, 19.	9
5.	Isa. xlii. 1.—13.	11
6.	Isa. liii.	13
7.	Philip. ii. 6.—12.	15
8.	Eabh. iv. 14.—16.	16
9.	Taisb. v. 6.—14.	18
10.	Urnaigh an Tighearna, Mat. vi. 9.—14.	20
11.	1 Cor. xiii.	21
12.	Eabh. xii. 1.—13.	23
13.	Job i. 21.	26
14.	Join xiv. 1—5.	27
15.	Join xiv. 25.—29.	28
16.	Isa. xl. 27.—31.	29
17.	Isa. xlix. 13.—17.	30
18.	Job ix. 2.—10.	31
19.	Tit. iii. 3.—9.	32
20.	Join iii. 14.—19.	33
21.	Romh. iii. 19.—22.	35
	22. Romh.	

Aireamh.	Taobh-dhuilleog.
22. Romh. vi. 1, 2, 6.	35
23. Romh. ii. 4, 5.	36
24. Job viii. 11. 22.	37
25. Luc. xv. 13.—25.	38
26. Mat. xi. 25. gu Crich.	40
27. Isa. lv.	41
28. Isa. ii. 2.—6.	43
29. Isa. xxvi. 1.—6.	45
30. 1 Join iii. 1.—4.	46
31. Hab. iii. 17, 18.	47
32. 2 Tim. i. 12.	48
33. 2 Tim. iv. 6, 7, 8. agus 18.	49
34. Eabh. xiii. 20, 21.	50
35. Romh. viii. 31. gu Crich	51
36. Sean. viii. 1, 22, 36.	52
37. Gen. i.	54
38. Taisb. xxi. 1—9.	56
39. Job iii. 17.—20.	58
40. 1 Pead. i. 3.—5.	58
41. 1 Cor. xv. 52. gu Crich.	59
42. 2 Cor. v. 1.—11.	61
43. Taisb. vii. 13.—17.	62
44. Gen. xxviii. 20, 22.	64
45. Taisb. i. 5.—9.	65

THE UNIVERSITY OF CHICAGO

THE UNIVERSITY OF CHICAGO

THE UNIVERSITY OF CHICAGO

THE UNIVERSITY OF CHICAGO

THE UNIVERSITY OF CHICAGO

THE UNIVERSITY OF CHICAGO

THE UNIVERSITY OF CHICAGO

THE UNIVERSITY OF CHICAGO

THE UNIVERSITY OF CHICAGO

THE UNIVERSITY OF CHICAGO

THE UNIVERSITY OF CHICAGO

THE UNIVERSITY OF CHICAGO

THE UNIVERSITY OF CHICAGO

H

Col

S

ARD

Chem  
rid  
DA

E

Agri  
na  
T

CI

Foirceadul Aith-ghearr

H E A S N U I G H E,

Air tuş air na orducha le

OI'-THIONNAL nan DIAGHAIRIBH ag  
NIAR-MHANAISTER, ann an

S A S G A N;

Leish an d'aontuighe

ARD-SHEANNADH EAGLAISH na  
H A L B A N N,

Chum a bhith na chuid eigin d'aon-mhodh Crabhuidh  
eidir Eaglaisibh CHRIST ann fna tri RIOGHACH-  
DAIBH.

Air na churr an Gailic le Seanaidh

E A R R A - G H A O I D H E A L

Agus anoish cuidd do mhearrachdaibh a Chlobhualaidh air  
na Leassacha chum maith Coitcheann, GAIDHEAL-  
TACHD ALBA. Clo bhuailt' fna Galic n' darra Uair.

Clodh-bhuailt' agus r'an Reic le EOIN GILLIES  
Leabhair-reiceadoir ann PEAIRT.

M D C C L X X I X.

An A B C Rhomhanach.

A a b c d e f g h i j k l m n o  
p q r s t u v w x y z &.

A B C D E F G H I J K L M N O P Q R  
S T U V W X Y Z &.

A a b c d e f g h i j k l m n o p q r s t u v w x y z &.

Et sb sk sh st si fi ff fl fi ffi ffi ff.

An A B C Eideilteach.

A B C D E F G H I J K L M N O P Q R S T U V W X Y Z &.

A a b c d e f g h i j k l m n o p q r s t u v w x y z &.

Et sb sk sh st si fi ff fl fi ffi ffi ff.

Na Bhuelibh.

a e i o u y.

Na Consonantaibh.

b c d f g h j k l m n p q r s t v w x z.

Na Puinc.

, ; : . ? ! - ( ) \$ \* + † ‡ § ¶.

Ab	eb	ib	ob	ub	Al	el	il	ol	ul
ac	ec	ic	oc	uc	an	en	in	on	un
ad	ed	id	od	ud	ar	er	ir	or	ur
af	ef	if	of	uf	as	es	is	os	us
ag	eg	ig	og	ug	at	et	it	ot	ut



*Leabhar aith-ghearr nan Ceist.*

1. C. **C**REUD is crìoch araid do'n Duine?  
F. Is i is crìoch araid do'n Duine Dia do Ghloracha, agus do Mhealtuin gu futhain.

2. C. *Creud i an Riaghail a thug Dia Dhuinne d'ar teagasg chum' sgu feadamaid eisin do ghloracha, agus do mhealtuin?*

F. Is e focall Dhe (ata air na churr fios, ann a Scriptoribh an tsein-tiomnuidh, agus an Tiomna-nuadh) amhain is Riaghail Dhuinne d'ar teagasg chum' sgu feadamaid eisin do ghloracha, agus do mhealtuin.

3. C. *Creud ata na Scriptoribh gu h arraid ag teagasg?*

F. Ata na Scriptoribh gu h arraid ag teagasg, gach ni is coir do'n Duine chreidsin timchioll Dhe, agus an dleasdanas at Dia ag iarraidh air an Duine.

4. C. *Creud e Dia?*

F. Dia is Spiorad e, ata neimh-chrìoch-nuigheach, Bith-bhuan, neimh-chaochladach, ann na Bhith, a Ghliocas, a Chumhachd, a Naomhachd, a Cheartas, a Mhaitheas, agus Fhirinn.

5. C. *An bheil tuille Dee ann ach a h aon?*

F. Ni

F. Ni bheill ach a h aon amhain, an Dia beo fíor.

6. C. *C'a lion Pearsa ata san Diadhachd?*

F. Ata trí Pearsa san Diadhachd, an t Athair, an Mac, agus an Spioradh-naomh: Agus an triarfa is aon Dia ionann ann a natur, coimh-meafs ann a Cumhachd, agus an a Gloir.

7. C. *Creud iad orduighe De?*

F. Is iad orduighe De, a run-fíorruidhe, do reir Comhairle a thoille, leish an d'orduigh fero'-laimh chum a ghloire fein, gach ní thig gu crích.

8. C. *Cionnas ata Dia ag curr orduighe an gníomh?*

F. Ata Dia ag curr orduighe an gníomh, ann oibribh, an Chruthaigh agus an Freas-dail.

9. C. *Creud is Obbair an Chruthaigh ann?*

F. Is i Obbair an Chruthaigh, Dia do dheanadh nan uile níthe do neimh-ní, le Focall a Cumhachd, ann feadh se laithe, agus iad uille ro-mhaith.

10. C. *Cionnas do Chruthaigh Dia an Duine?*

F. Do Chruthaigh Dia an Duine, Fear, agus Bean, do reir lomhaigh fein, ann eolas,

s. Firinteachd, Náomhach, le nachdra-  
achd os-cionn nan Creatuiribh.

11. C. *Creud iad Oibridh-freasdail De?*

F. Is iad Oibridh Freasdail De, gu  
heill fe ag coimhid, agus ag Riaghladh  
an uille Chreatuiribh, le nan uille Ghnio-  
nharaidh, gu ro-naomha, ro-ghlic, agus  
gu ro-Chumhachdach.

12. C. *Creud e an gníomh araid Freas-  
dail do rinn Dia do thaoibh an Duine san  
staid ann do Chruthuicheadh e?*

F. An t am do Chruthaigh Dia an Duine,  
do rinn fe Coi'cheangal beatha rís, ag iar-  
uidh umhlachd iomlan air mar Chumh-  
iant; agus ag toirmisg Dho ni air bith  
the do Chraoibh Eolais maith agus uile,  
faoi Phein a Bhaish.

13. C. *An d'fhan air cead-sinsir ann san-  
thead staid ann do Chruthuicheadh iad?*

F. Air bhith d'ar céad-sinsiribh air an  
fagail gu saoirse an toille fein, do thuitea-  
dar o'n staid ann do Chruthuicheadh iad  
le peacadh ann aghaidh Dhe.

14. C. *Creud e Peacadh?*

F. Is e peacadh brisheadh Lagh Dhe.

15. C. *Cia e an Peacadh leis an do thuit  
air Cead sinsir o'n staid ann do Chru-  
thuicheadh iad?*

F. Do

F. Dob' e an Peacadh leish an do thuit aii  
Cead-sinsir o'n staidh ann do Chruthuich-  
eadh iad, gu d'ith siad an meafs-toirmisgt'.

16. C. *An do thuit an Cinneadh daonna uille ann a Cead pheacadh Adhamb?*

F. O do bhith an Coi' cheangal air na  
dheanadh re Adhamb, ni amhain air a shon  
fein, ach ar-son a shliochd : Uime shin, an  
Cinneadh-daonna uille do thainic anuas  
uaidh, tre geinnilleacha gnathaicht', do  
pheacuidh iad ann-san, agus do thuit siad  
maille ris ann san chead-seachran.

17. C. *Creud i an staidh ann d'tug an leagadh ud an Cinneadh daonna?*

F. Do thug an leagadh ud an Cinneadh-  
daonna, gu staidh peacaidh, agus truaighe.

18. C. *Creud e peacadh na staidh sin ann do thuit an Duine?*

F. Trid an leagaidh ud, ata an Duine  
faoi chionta chead-peacaidh Adhamb,  
faoi easbhuidh na cead-fhirinteachd, faoi  
thruailleachd a natuir gu h iomlan (d'on  
goirrear gu Coitchean Peacadh-gein) agus  
faoi gach uille Pheacadh-gniomh data ag  
geintin uaidhe shin.

19. C. *Creud e truaighe na staidh shin ann do thuit an Duine?*

F. Trid

F. Trid an leagaidh ud, do chaid an  
 meadh-daonna uille an co'-chommunn  
 Dia, ataid faoi Fheirg agus Mhallacha  
 he agus mar shin, ataid faoi gach uille  
 ruaighe san bheathuidhs', fo'n Bhasfein,  
 agus faoi Phiantaibh Ifrionn gu fionnuidhe.

20. C. *An d'fhag Dia an Cinneadh-  
 aonna uille do bhi cailte ann staidh pea-  
 ridh agus truaighe?*

F. Air tagha do Dhia da ghean maith  
 ein, roimh thoiseach-an t shaoghail, cuidd  
 igin do na Daoine chum na beatha-futhain,  
 lo rinn se Coi'-cheangal-grafa reu, d'an  
 Saoradh O staidh an Pheacaidh, agus na  
 Truaighe, agus d'an tabhairt gu staidh  
 Slanuighe trid Fearsaoruidh.

21. C. *Cia e is Fear saoruidh do Phobull  
 taghta De?*

F. Is e is aon Fhear-saoruidh do Pho-  
 bull taghta De, an Tighearna Iosa Criost  
 amhain, neach air bhith dho na Mhac Sior-  
 ruidhe do Dhia, do rinneadh e na Dhuine,  
 agus mar-sin ata se ag fantain na Dia,  
 agus na Dhuine, ann da Natur eidir-dheal-  
 luicht agus ann aonphearfuin am feast.

22. C. *Air bhith do Chriost na Mhac do  
 Dhia, cionnas do rinneadh e na Dhuine?*

F. Do

F. Do rinneadh Críost Mac Dhe n Dhuine, le Corp-fíor, agus anam-riafonta d'ghabhail chuige fein, air bhith dho le Cumhachd an Spiorad-naoimh air na ghabham Broinn Mhuire na h Oighe, agus air bhreithle, gidheagh a feugmhais peacaidh.

23. C. *Cia iad na b Oifigeada atá Críost ag cur an gníomh mar air Fear Saoruidh ne?*

F. Atá Críost mar air Fear-Saoruidh-ne ag cur an gníomh Oifigeada Faidh, Sagairt, agus Ríogh, araon ann staid an Irishliche, agus an Arduiche.

24. C. *Cionnas atá Críost ag cur Oifig Faidh an gníomh?*

F. Atá Críost ag cur Oifig Faidh an gníomh, ann toill De chum air Slanuighe fhoilseacha dhuin, le na Fhocall, agus le na Spiorad.

25. C. *Cionnas atá Críost ag cur Oifig Sagairt an gníomh?*

F. Atá Críost ag cur Oifig Sagairt an gníomh, ann e-fein do thabhairt suas aon-uair na iobairt do dhioladh Ceartaith De; agus do dheanadh air reitigh re Dhia; agus ann gnath-eidir-ghuidhe do dheanadh air ar-foinne.

26. C. *Cionnas atá Críost ag cur Oifig Ríogh an gníomh?*

F. Atá

F. Ata Criost ag curr Oifig Riogh an  
niomh, le sinne do cheanfacha dho fein,  
do riaghladh, agus do sheastamh, agus le  
ofg do churr air na h uillidh is naimhde  
ho-fan agus Dhuinne.

27. C. *Cia iad na nithe ann an roibh  
Criost air na Irishleacha?*

F. Do bhi Chriost air na Irishleacha ann  
bhith air a bhreith, agus shin ann a staidh  
sheal, air na dheanadh fo'n Lagh, ag doll  
o gach truaighe na beathsa, fo fheirg  
Dhe, agus fo Bhas malluicht' na Croiche,  
ann a bhith air na adhlacadh, agus ag fuir-  
reachd fo Chumhachd an bhaish re seall.

28. C. *Cia iad na nithe ann a roibh  
Criost air na Ardacha?*

F. Do bhi Chriost air na Ardacha ann  
a aish-eirigh O na Marbhuibh air an treas  
la, ann a dholl suas air Neamh, ann a  
shuidhe air Deas-laimh Dhe an Athair,  
agus ann a theachd do thabhairt breith-  
eamhnas air an t shaoghal ann san la-  
dheirreanach.

29. C. *Cionnas atamaid air 'nar deanadh  
ann 'nar luchd Co' pairt d'on t saoirse do  
choissin Criost?*

F. Atamaid air 'nar deanadh ann 'nar  
luchd

luchd Co'-pairt d'on tsaoirse do choisinn  
 Criost, leish an t saoirse shin a churr rinn  
 gu h eifeachdach le na Spiorad naomh  
 fan.

30. C. *Cionnas ata an Spiorad ag cur  
 rinne na saoirse shin do choisinn Criost?*

F. Ata an Spiorad ag cur rinne na  
 saoirse shin do choisinn Chriost, le Creid  
 deamh oibreacha ionnain leish an bhe  
 se 'gar Coi cheangal re Criost ann ai  
 Gairm eifeachdach.

31. C. *Creud is Gairm eifeachdach ann?*

F. Is Gairm eifeachdach ann, obbai  
 Spioraid De, leish an bheill se 'gar fagai  
 rifs ionnain fein am peacadh, agus truaighe  
 ag Soilfeacha air 'nintinneadh ann eolas  
 Chriost, ag ath-nuadhacha air toille, agus  
 air a lorg shin 'gar deanadh deonach agus  
 commasach air Iosa Criost a dhlu-ghabh-  
 ail chugain, mar ata se air na thairgfe  
 dhuinn' gu faor ann fan t foisgeul.

32. C. *Cia iad na Sochair ata an druing  
 ata air nan Gairm gu h Eifeachdach ag  
 faghail san bheathuidhs'?*

E. Is siad na sochair ata an druing shin  
 ag faghail san bheathuidhs', Firinneacha,  
 Uchdmhacachd, agus Naomhacha; agus  
 gach



ach uille Shochair ata ag fruthagh uatha  
an bheathuidhs'.

33. C. *Creud is Firineacha ann?*

F. Is e Firinneacha gníomh saor ghrafa  
De, leish a bheill fe ag maítheamh dhuinn  
air' mille pheacaidh, agus ag gabhail rinne  
nar Fhirinnibh ann na fhianaísh fein, agus  
Chin amhain ar-son Firinteachd Chríost air  
na mheafs dhuinne, agus air a ghabhail  
chugain le Creiddeamh amhain.

34. C. *Creud is Uchd-mhacachd ann?*

F. Is i an Uchd-mhacachd, gníomh  
saorghrafa De, leish an bheill Sinn air ar  
ghabhail ann aireamh Chloinne De, agus  
leish an bheill coir againn air gach uille  
Shochairibh, agus urram a bhúinneas  
doibh.

35. C. *Creud is Naomhacha ann?*

F. An naomhacha is obair saor-ghrafa  
De e, leish an bheill sinne air ar'n ath-nu-  
adhacha san Duine gu h íomlan do reir  
Fíoghrach Dhe, agus air ar déanadh com-  
masach ní is mo, agus ní is mo, chum  
basacha do pheacadh, agus chum bhíth  
beo do'n Fhirinteachd.

36. C. *Creud iad na Sochair ata ann san  
bheathuidhs' ann a Co' chuiddeachd, no ag  
fruthagh*

*frugatho'n Fhirinneacha, o'n Uch-mhacacha, agus an-naomhachas o'n Naomhacha?*

F. Is iad na Sochair ata san bheathuidhs' ann a Co'-chuiddeachd no a Sruthagh uatha shin, dearbh-bheachd a Gradh Dhe, Siothchaint Coguisht aobhneas san Spiorad-naoimh, fas ann a graf agus buan-mhairreachduin ann, gu teach na criche deirreannaich.

37. C. *Creud iad na Sochair ata na Creidmhigh ag faghail O Chriost, re h an an baish?*

F. Ata Anamanna nan Creidmheach re h'am an baish, air an deanadh foirfe ann Naomhachd, agus air ball ataid ag dol chum-Gloire, agus air bhith do'n Corpaibh Sior-cheangailt' re Criost ni'd comhnuidh ann nan Uaighibh gu nuig an aish-eirigh.

38. C. *Creud iad na Sochair ata na Creidmhigh ag faghail O Criost ann san aish eirigh?*

F. Ann san aish-eirigh, air bhith do na Creidmhigh air an dufgadh as an Uaighibh ann an Gloir, bithigh siad air an aithneacha gu follas, agus air an lan shaoradh ann la bhreitheamhnais, agus air an deanadh

eanadh uille-bheannuicht' ann an Dia  
in-mhealtuin gu Siorruidhe.

39. C. *Creud e an Dleasdanas ata Dia  
ag iarraidh air an Duine?*

F. Is e an Dleasdanas ata Dia ag iar-  
raidh air an Duine, umhlachd da thoill  
ata air na foilseacha.

40. C. *Creud i an Riaghail umhlachd  
thug Dia do'n Duine air thoiseach?*

F. Do bi an Riaghail umhlachd a thug  
Dia do'n Duine air thoiseach, Lagh na  
Modhannaibh.

41. C. *Cia e an t aite ann a bheil an  
Lagh' na Modhannaibh air na churr sios  
u haith ghearr iomlan?*

F. Ata an Lagh' na Modhannaibh air  
a churr sios gu haith-ghearr iomlan, ann  
na deich Aitheantaibh.

42. C. *Creud is suim do na deich Aith-  
eantaibh?*

F. Is i is Suim do na deich Aitheantaibh,  
n Tighearna air Dia do ghradhacha le  
ir 'n uille Chroidhe, le air 'n uille Anam,  
e air 'n uille Neart, agus le air 'n uille  
ntinn, agus air Coimhearsan do ghradha-  
ha mar sinn-fein.

43. C. *Creud is Reamb radh do na deich Aitheantaibh?*

F. Ata Reamb-radh nan deich Aitheantaibh, air na churr fios ann sna briathraibhs' (is mishe an Tighearna do Dhianeach a thugthuffa as Tallamh na Heiphte agus as Tighe na daoirse.)

44. . *Creud ata Reamb radh nan deich Aitheantaibh ag teagasg Dhuinne?*

F. Ata Reamb-radh nan deich Aitheantaibh ag teagasg Dhuinne, do bhri-gur Dia is Tighearna ann, agus gur e is Dia agus is Fear-saoruidh Dhuinne, uime shin gu bheill a dh'fhiache oirne uille Aitheantaibh-san do Coimhid.

45. C. *Cia i an chead Aithne?*

F. Is i an chead Aithne (na biodh De eille agat ann am fhianaishe.)

46. C. *Creud ata air na iarruidh sa chead Aithne?*

F. Ata an chead Aithne ag iarruidhe oirne, aithneacha, agus aidmheil, gur Dia amhain an fìor-Dhia, agus gur e a Diaine e, agus sinne adhradh, agus Glo do thabhàirt Dho da reir-shin.

47. C. *Creud ata air na thoirmisg sa chead Aithne?*

F. Ata an chead Aithne ag toirmiig, an Dia fíor do sheanadh, no an t-Adhradh, agus an Ghloir a dhlighear Dho-fan do leiginn tharruinn, no an tabhairt d'aon neach eille.

48. C. *Creud ata air na teagasg Dhuinne gu sonraicht' ann sna briathraibhs' san chead Aithne (am fhianaishe.)*

F. Ata na briathrasa san chead Aithne (*am fhianaishe*) ag teagasg Dhuinne, gu bheill Dia do chi na h uille nithe, ag tabhairt airre do'n pheacadhsa, iodhon, Dia air bith eille do bhith againn, agus ag bheill se ro dhiombach dheth.

49. C. *Creud i an dara Haithne?*

F. Is i an dara Haithne, (Na dean dhuít fein lomhaigh ghrabhata, no aon-fhioghair nithe ata shuas air neamh, no air Tallamh a bhofs, no 'fan uisge fo Thallamh, na geillse dhoibh, agus na dean feirbhis dhoibh, oir mishe an Tighearna do Dhia, is Dia eud mhor mi leannas aingidheachd nan Athraibh air an Cloinn, gu nuige an treas no an ceathramh ceim no glun-geiniligh, air an droing fhuaith-eachas-mi, agus ag foilseacha trocair do mhiltibh do'n droing a ghradhuicheas mi,

agus a choimhdeas m' Aitheantaibh.)

50. C. *Creud iarrar san dara Haithne?*

F. Ata an dara Haithne ag iarruidh, gach uile ghna Adhruidh, agus orduighe Dhiadhaigh, do iarr Dia ann na Fhocall, do ghabhail chugain, do conbhail agus do choimhid gu glan iomlan.

51. C. *Creud ata an dara Haithne ag toirmisg?*

F. Ata an dara Haithne ag toirmisg, adhradh do Dhia trid Iomhaigh, no air mhodh air bith eille, nach bheil orduicht' ann a Fhocall fein.

52. C. *Creud iad na Riafoin ata ceangailte ris an dara Haithne?*

F. Is iad na Riafoin ata ceangailte ris an dara Haithne, ard-uachdranachd Dhe os air cionn, an t shealbh-choir ata aig ionnuin, an Gradh-laste, agus eud ata aige da Adhradh fein.

53. C. *Cia i an treas Aithne?*

F. Is i an treas Aithne, (Na tabhair Ainman Tighearna do Dhia an diambhanas; oir ge b'e bheirreas ainm an diambhanas, ni bu neimh-chionteach ann a fianais an Tighearna neimh chionteach e.)

54. C. *Creud iarrar san treas Aithne?*

F. Ata

*F.* Ata an treas Aithne ag iarraidh, gnatheacha naomha urramach do dheanadh, air Ainmibh, Tiodolaiubh, Orduighe, Briathraibh, agus Oibrichibh Dhe.

55. *C.* Creud ata air na thoirmisg san treas Aithne?

*F.* Ata an treas Aithne ag toirmisg mi'-naomhacha, no mi'-ghnathacha air bith do dheanadh air aon-ni leish an bheill Dia ga fhoilseacha fein.

56. *C.* Cia e an Riason ata air na cheangal ris an treas Aithne?

*F.* Is e an Riason ata air na cheangal ris an treas Aithne, ge gu feadfuibh luchd brisheadh na Haithnes' doll saor O dhioghaltas do thaoibh Dhaoine, gidheadh ni fhuiling an Tighearna air Diaine dhoibh doll as O a cheart-bhreitheamhnas fein.

57. *C.* Cia i an ceathramh Aithne?

*F.* Is i an ceathramh Aithne, (Cuimh-nigh la na Saboid choimhid naomha; ann se laithibh dean h obhair, agus h uille shaothaic, ach is e an seachda la, Saboid an Tighearna do Dhia; na dean aon obhair san la shin, thu fein, no do Mhac, no h Inghin, h Oglach, no do Bhan-og-lach, no do Choigreach ata an

taobh a stigh do d'dhoirfibh : oir ann se laithibh do rinn an Tighearna Neamh agus Tallamh, an Fhairge, agus gach ni ata ionta, agus do ghabh se comhnuidh an feachda la ; uime shin do bheannuigh an Tighearna la na Saboide, agus do naomhuigh se e.)

58. C. *Creud iarrar san ceathramh aithne?*

F. Ata an ceathramh Aithne ag iar-ruidh, coimhid naomha do dheanadh do Dhia air na trathaibh suidhicht' do dhorduigh se ann na Fhocall, gu sonraichte aon la iomlan do na feachd laithibh, chum a bhith na Shaboid naomh dho fein.

59. C. *Cia e an la do na feachd laithibh a dhorduigh Dia bhith na Shaboid gach Seachduin?*

F. O thoiseach an t shaoghail a nuas gu nuig aish-eirigh Chrìost dhorduigh Dia an feachda la do bhi na Shaboid gach seachduin ; agus a riamh O shin a leath, an cead la do'n t sheachduin a dh'fhan-tain, agus do ghnathacha gu deirreadh an Domhain chum a bhi na Shaboid do na Chrìostuibh.



60. C. *Cionnas is coir an t Sabaid do naomhacha?*

F. Is coir an t sabaid do naomhacha, e tamh naomha do ghabhail re fadd an an la shin gu h iomlan, agus shin fos O ghnotheuichibh saoghalta, O aigher agus sugradh ata ceadduichte air laithibh eille, agus an uille aimsfir shin do bhuilleache re oibrigh-Crabhuidh gu diamhair, agus gu follais, leath a muigh do'n mhead is ata iomchuidh re na chaitheamh re h oibrigh na h eigin, agus na trocaire.

61. C. *Creud ata air an thoirmisg san cheathramh aithne?*

F. Ata an ceathramh Aithne ag toirmisg mi'-naomhacha na Saboide le diamhanas, agus neimh-churam aña oibrigh an la shin, no fos le smuaintaibh, briathraibh, no gníomharaibh neimh-fheimeil timchioll ghnothuichibh Saoghalta, no re aigher agus Sugradh.

62. C. *Cia iad na Riasoin ata ceangailte ris an cheathramh aithne?*

F. Is iad na Riasoin ata ceangailte ris an cheathramh Aithne, Dia do bhith ag ceaddacha Dhuinne, se laithe do'n t sheachduin d'ar ghnothuichibh fein, agus ag

agrach coir airighte dhó fein air an t Sheachda la; agus an Eiseimpleir do thug fe fein uaidhe, agus gu do bheannuigh fe la na Saboide.

63. C. *Cia i an Cuigeadh aithne?*

F. Is i an Cuigeadh aithne, (Tabhair onoir do t athair, agus do d' Mhathair: chum gu sinfichte do laithe air an Fhearran do bheir an Tighearna do Dhia dhuit.)

64. C. *Creudiarrar san chuigeadh aithne?*

F. Ata an cuigeadh Aithne ag iarraidh, an onoir do choimhid, agus an dleasdanas do Choi'-lionadh, ata dh'fhiacha do thabhairt do gach aon-neach a lorg an Inmhe, agus an daimhe da cheile fa leath, mar ataid ann airde, no 'n ishle, no ann a Coimeals Inmhe.

65. C. *Creud ata air na thoirmisg san chuigeadh aithne?*

F. Ata an cuigeadh Aithne ag toirmisg, ni air bith do dheanadh ata an aghaidh na h onoir, agus an dleasdanas, a bhuinneas do gach aon-neach a lorg an Inmhe, agus an daimhe fa leath da cheile.

66. C. *Creud e an Riason ata ceangailte ris an chuigeadh aithne?*

F. Is

F. Is e an Riason ata ceangailte ris an  
 huigeadh Aithne, gealladh air sonnas,  
 agus Saoghal fadda do uille luchd coim-  
 hid na Haithnese, da reir mar thig fhin  
 e Gloir Dhe, agus a maith fein.

67. C. *Cia i an Seisadh aithne?*

F. Is i an Seiseadh aithne, (Na dean  
 gearbhadh.)

68. C. *Creud iarrar san t seiseadh aithne?*

F. Ata an seiseadh Aithne ag iarruidh,  
 gach uille dhicheall dhligheach do dhean-  
 adh chum air 'n anam fein, agus Anama  
 mhaoine eille do choimhid.

69. C. *Creud ata air na thoirmisg san t  
 seiseadh aithne?*

F. Ata an Seiseadh Aithne ag toirmisg,  
 air 'n Anam do bhuin affain fein, no as  
 eir Coimhearsain gu h e-coireach: agus  
 gach uille nithe a chuiddeachas fhin do  
 dheanadh.

70. C. *Cia an Seachdamb aithne?*

F. Is i an Seachdhamh aithne, (Na  
 dean adhaltrannas.)

71. C. *Creud iarrar san t seachdamb  
 aithne?*

F. Ata an Seachdamb Aithne ag iarru-  
 idh, coimhid do bhi againn air ar Geanm-

innuigheachd fein, agus Geanmnuigheachd air Coimhearfain, ann air Croidhe, ann air Caint, agus ann air Beufaibh.

72. C. *Creud ata an Seachdamh aithne ag toirmisg?*

F. Ata an Seachdamh Aithne ag toirmisg, gach uille Smuainteacha, Briathar agus Gniomh neimh-gheanmnuighe.

73. C. *Cia i an t Ochdamh aithne?*

F. Is i an t Ochdamh Aithne, (Na dear goid.)

74. C. *Creud iarrar san Ochdamh aithne?*

F. Ata an tochdamh Aithne ag iarraidh, gach cuiddeacha laghail do dheanadh, chum air Saibhreas Sooghalta fein, agus Saibhreas Dhaoine eille, no chum air aghaidh.

75. C. *Creud ata air na thoirmisg san Ochdamh aithne?*

F. Ata an t Ochdamh Aithne ag toirmisg, gach ni air bith a bhacas air Saibhreas Sooghalta fein, no Saibhreas air Coimhearfain gu he-coireach.

76. C. *Cia i an naoiamh aithne?*

F. Is i an naoiamh aithne, (Na dean fianais bhreige ann aghaidh do Choimhearfain.)

77. C. *Creudiarrar san naoiamh aithne?*

F. Ata an naoiamh aithne ag iarraidh an fhirinn eidir Duine is Duine ; agus air deagh-ainm fein, agus air deagh-ainm air Coimhearsain do sheaffiamh, agus fhin gu sonraicht' ann fianaish do dheanadh.

78. C. *Creud ata air na thoirmisg san naoiamh aithne?*

F. Ata an naoiamh Aithne ag toirmisg gach ni ata ag curr leath-trom air an fhirinn, no ni eacoir air ar deagh-ainm fein, no deagh-ainm air Coimhearsain.

79. C. *Cia i an Deicheamh Aithne?*

F. Is i an Deicheamh Aithne, (Na sinuain dhuit-fein Aroish, no teach do Choimhearsain, na sinuain dhuitfein Bean do Choimhearsain, no Oglach, no Bhean-oglach, no Dhamh, no Affail, no aon-ni eille bhuinneas do d' Choimhearsnach.

80. C. *Creudiarrar san Deicheamh Aithne?*

F. Ata an Deicheamh Aithne ag iarraidh oirn, bhith i n toillichte le air staidh fein, maille re fonn ceart agus intinn-sheirceil-do bhí ionnuin dar Coimhearsain, agus do gach uille ni bhuinneas dho.

81. C. *Creud ata air na thoirmisg san Deicheamh Aithne?*

**F.** Ata an Deicheamh Aithne ag toirmisg, gach tallach air ar staidh fein, gach doillicheas, agus farmad re maith air Coimhearfain gach togra, agus miana ain-cneast, chum aon-ni d'am bi aige.

82. C. *An bheill neach air bith commasach air Aitheantibh Dhe choimhid gu foirfe?*

**F.** Ni fheadar le aon-neach nach bheill ach na Dhuine amhain, O chead thuittim air sinfir, Aitheanta Dhe do choimhid gu foirfe san bheathuidhs', ach ata siad gach la ga'm brisheadh ann smuaintibh, ann Focall, agus ann gníomh.

83. C. *An bheill gach uille bhrisheadh an lagh coi'-meas ann uamharachd?*

**F.** Ata cuid do pheacaidh ionta fein, agus do bhri moran do nithe ata ga'n antromacha, ni is uamhaire na cheile ann finaishe Dhe.

84. C. *Creud ata gach aon-pheacadh ag toiltin?*

**F.** Ata gach aon-pheacadh ag toiltin Feirg, agus Mallacha Dhe, araon san bheathuidhs', agus san bheathuidh ata chum teachd.

85. C. *Creud ata Dia ag iarruidh oirne chum sgu feadamaid tearnadh Ona Fheirg, agus Ona Mhallacha-sanna thoill sinne thaoibh air pheacaidh?*

**F.** Chum

F. Chum tearnad O Fheirg, agus O hallacha Dhe a thoill sinne ar-fon air peaidh, ata Dia ag iarraidh oirne Creiddeamh ann Iosa Criost, Aithrighe chum na beatha, maille re gnathacha dicheallach do dheanadh air na Meadhonaibh ata ann ath a muigh, leish an bheill Criost ag co'airteacha rinne sochair na soirse.

86. C. *Creud is Creiddeamh an Iosa Criost ann?*

F. Creiddeamh an Iosa Criost, is Grasaiteil e leish an bheill sinne ga ghabhailin, agus 'gar focracha fein air-fan na aonar, cum flainte, mar ata se air na thairgse nuinne fan t foisgeul.

87. C. *Creud is Aithrighe chum na beatha ann?*

F. Aithrighe chum na beatha, is Grasaiteil i, leish an bheill an Peacadh (air no-thacha dho gu cheart da pheacadh fein, agus do throcair Dhe ann an Criost) leoillicheas, agus le fuath a pheacaidh, agompodhuathagu Dia, lelan run, agus gnathairgse nuadh-umhlachd a thabhairt dho.

88. C. *Creud iad na Meadhoin o'n leath a muigh, leish an bheill Criost ag co'pairteacha rinne sochair na soirse?*

F. Is

F. Is iad na Meadhoin shin, orduigh Crìost gu haraid an Focall, Sacramaintib agus Urnuighe: Ata gu h ullidh air a deanadh eifeachdach chum Slainte do Daoine taght.

89. C. *Cionnas ata an Focall air a dheanadh eifeachdach chum Slainte?*

F. Ata Spiorad Dhe ag deanadh le: bhoireachd an Fhocaill, ach gu haraid Shearmonacha na Mheadhon eifeachdach chum Peacacha fhagail ris, agus da'n ion podh, agus da'n togbail suas ann a Naomhachd, agus an co'-fhurtachd tri Creiddigh chum Slainte.

90. C. *Cionnas is coir an Focall do leabhabhagh, agus do eisteachd, chum 's gu biodh eifeachdach chum Slainte?*

F. Chum 's gu deanta an Focall eifeachdach chum Slainte, is feimeil Duinne air do thabhairt dho le ullamhacha, le Urnuighe, agus le dicheall; a ghabhail chugain le Creiddeamh, agus Gradh, churr an taisge ann air Crìodheacha agus churr an gnìomh ann air beathuidh.

91. C. *Cionnas ata na Sacramaintib air nan deanadh na Meadhoin eifeachdach chum Slainte?*

F. At



F. Ata na Sacramaintibh air nan deandh eifeachdach chum Slainte, ni h ann do briogh air bith ata ionta fein, no fan ti lo ni am frith-eola, ach trid beannacha Chrìost amhain, agus oibreacha a Spioraid-an, fan droing a ghabhas chuca iad le Creidamh.

92. C. *Creud is Sacramaint ann?*

F. An t Sacramaint, is ordughadh naoimha le Crìost i, ann a bheill Crìost, agus fochair Chumhnanta nan gras, air an tais-beannadh, agus air an Seulacha, agus air nan curr ris na Creidmhigh le Comhar-aibh corpora so-fhaicfin.

93. C. *Cia iad Sacramaintibh an Tiomna nuaidh?*

F. Is iad Sacramaintibh an Tiomna-nuaidh, Baisteadh, agus Suippeir an Tigh-earna.

94. C. *Creud is Baisteadh ann?*

F. An Baisteadh is Sacramaint e, ann a bheill ionlaid le huisge, ann an ainm an Athair, an Mhic, agus an Spioraid-naoimh, ag ciallacha, agus ag feulacha, gu bheill finne air ar fuidheacha ann an Crìost, agus ann air luchd co'-pairt do Shochairibh Chumhnant nan Gras, agus ag feulacha

fos air Boid gur leish an Tighearna sinn.

95. C. *Cia do'n coir am Baisteadh do Fhritheoladh?*

F. Ni an coir am Baisteadh do fhritheoladh, d'aon neach ata an taobh a muigh do'n Eaglais fhaicsinnich, no gu'n aidmhigh iad an Creiddeamh ann an Criost, agus an Umhlachd dho, ach is coir Naoidheanna na droinge, ata na'm buill do'n Eaglais fhaicsinnich, do bhaisleadh.

96. C. *Creud i Suipeir an Tighearna?*

F. Suipeir an Tighearna is Sacramaint i, ann a bheill bas Criost air na fhoilseacha, le arran, agus fion do thabhairt, agus do ghabhail do reir orduighe fein, agus an droing a ghabhas chuca guth iomchuidhiad, atasiad (ni air mhodh feolmharach) trid Creiddigh, air an deanadh nan luchd co'-pairteach da Chorp agus da fhuill san, le uille Shochairibh, chum an altrum, agus am fas an Gras.

97. C. *Creud is feimeil do'n droing shin a dheanadh, leish am baill Suipeir an Tighearna do ghabhail gu h iomchuidh?*

F. Is feimeil dhoibhiad-fein a cheasnacha ann nan Eolas, chum aithne do dheanadh air Chorp an Tighearna, ann nan Creiddeamh

reamh, chum beatha an Anama do tharraing  
 a' fairs, ann nan Aithreachas, nan Gradh, agus  
 nan nuadh-umhlachd, D'egal, air teachd  
 dhoibh gun eimh-iomchuidh gu'n ithfid, a-  
 agus gun olfuid Breitheamhnas dhoibh fein.

98. C. *Creud is Urnaighe ann?*

F. Is i is Urnaighe ann, tabhairt fuas air  
 an Athchuinge do Dhia, ag iarraidh ni-  
 heanna do reir a thoill ann an Ainm Chrìost,  
 ag aidmheil air peacaidh, agus ag tabhairt  
 buidheachas dho ar-son a Thìolaicai bh.

99. C. *Creud i an Riaghail a Thug Dia  
 Dhuinne d'ar Seoladh ann an Urnaighe do  
 dheanadh?*

F. Ata focall Dhe gu h uillidh ga'r Seo-  
 adh ann an Urnuighe do dheanadh, ach is  
 an Riaghail Shonraicht' a sheolas sinn, an  
 'hoirm Urnuighe shìn do theagasg Crìost  
 la Dheisciopla da'n goirreargu coit-chean-  
 na Urnuighe an Tighearna.

100. C. *Creud ata Reamh-radh Urnuighe  
 an Tighearna ag teagasg Dhuinne?*

F. Ata Reamh-radh Urnuighe an Tig-  
 hearna (*Iodhon air 'n Athair ata air  
 Neamh*) ag teagasg Dhuinne, teachd an fo-  
 asg do Dhia le gach uille urram naomha  
 agus muinghin, mar Chloinn chum an  
 Athair,

Athair, ata commasach agus ullamh d'acaidheach; agus gu'r coir guidhe dheanad maille re Daoine eille, agus air an son.

101. C. *Creud ata sinn ag guidhe sa chead Iartas?*

F. San chead Iartas, (*Iodhon gu n beannuicht' b Ainmhse*) ata sinn ag guidhe gu ma toill le Dia sinne, agus daoine eile do dheanadh commasach air e fein do ghlu racha anns gach aon-ni leish an bheill se fhoilseacha fein Dhuinn, agus gu ma to leish gach ni do Shuidheacha agus orducl chum a Gloire fein.

102. C. *Creud ata sinn ag guidhe sa dara Iartas?*

F. San dara Iartas, (*Iodhon gu tigeach do Rioghachd-sa*) ata sinne ag guidhe Dh Rioghachd an Aibhseir do sgrios, ag Rioghachd nan Gras do mheadacha, sin agus Daoine eille do thairraing da h iofuidhe, agus do choimhid inte, agus Rioghachd na Gloire do luathacha.

103. C. *Creud ata sinn ag guidhe sa treas Iartas?*

F. San treas Iartas, (*Iodhon, Deana do thoillse air an Tallamb mar nithear Neamb*) atamaid ag guidhe Dhe, sinne dheana

eanadh commafach, agus deonach le na  
 aras, chum eolas a ghabhail air a thoill  
 n, do bhith freagrach, agus umhal dith  
 ns gach aon niamhuil mar ata na h Aingil  
 Neamh.

104. C. *Creud ata sin ag guidhe san  
 cheathramh Iartas?*

F. San cheathramh Iartas, (*Iodhon, tab-  
 air dhuinn an diugh air 'n Arran laitheil*)  
 ga sinn ag iarraidh gu fuighmid do shaor-  
 oir-bheartas Dhe, Rann chuimseach do  
 thibh maith na beathasa, agus gu meal-  
 m-aid a bheannacha fein maille reu.

105. C. *Creud ata sinn ag guidhe san  
 chuigeadh Iartas.*

F. San chuigeadh Iartas, (*Iodhon, agus  
 aith dhuinne air fiacha, ambluidh mar  
 haid-mid d'ar Feicheannaibh*) atamaid ag  
 uidhe Dhe maitheamhnas do thabhairt  
 huinn gu saor ann air 'n uille pheacaidh  
 r-fon Chrìost: agus is moid air misneach  
 no iarraidh, gu bheillmid air ar nearteacha  
 rid a Ghras-san, ann a maitheamhnas do  
 thabhairt do dhaoine eille o air Croidhe.

106. C. *Creud ata sinn ag guidhe san t  
 tseiseadh Iartas?*

F. San tseiseadh Iartas, (*Iodhon, agus*  
 na

*na leig am buairreadh sin, ach saor sin oic*) ata sinn ag guidhe Dhe air coimhibhith air ar buairreadh chum peacaidh: air conbhail suas, agus air faoradh an t do bhuairear sinn.

107. C. *Creud ata Co'-dhunadh Urnuighe an Tighearna ga theagasg dhuinne*

F. *Ata Co'-dhunadh Urnuighe an Tighearna, (Iodhon, oir is leatsa an Rioghachd agus an Chumbachd, agus an Gbhoir, siorruidhe, Amen.) ag teagasg dhuinne neach ann Urnuighe do ghabhail o Diamhain, agus ann air 'n Urnuighe eifin mholladh: le Rioghachd, Cumhachd, ag Gloir do thabairt dho, agus mar fianais air ar Miann, agus air dearbh beachd a eisteachd faghail, deirmid, Amen.*

## Na deich Aitheantibh.

### EXOD. xx.

**D**O labhair Dia na Briathara sho uille ag radh, mishe an Tighearna do Dhia, an neach a th thussa mach as Tallamh na Heiphte, agus Tigh daoirse.

I. Na biobh Dee air bith eille agat ann am fhianaifl

II. Na dean dhuit fein Iomhaigh ghrabhalte, no a fhioghair nithe ata shuas air Neamh, no air Tallan

ois, no san Uisge faoi Tallamh, na geillse dhoibh,  
na dean Seirbhis dhoibh: Oir's mishe an Tig-  
na do Dhia, is Dia eud-mhor mi, leannas Ain-  
achd nan Athraibh air an Cloinn, gu nuigean treas  
n ceathramh ceim, no glun-geiniligh, air an  
rag fhuathuicheas mi, agus ag foilseacha trocair  
ahiltibh do'n droing a ghradhuicheas mi, agus a  
mhdeas m' Aitheantaibh.

VI. Na tabhair ainm an Tighearna do Dhia an diam-  
s: Oir ge b'e bheirreas ainm an diamhanas, ni bu-  
h-chiontach ann a fianais an Tighearna e, agus  
meas an Tighearna neimh-chiontach e.

VII. Cuimhnigh la na Saboide choimhid naomha:  
fe laithibh dean hobhair agus huille Shaothair,  
is e an feachda la, Saboid an Tighearna do Dhia;  
ean aon obhair fan la shin, thu fein, no do Mhac,  
Inghin, h Oglach, no do bean-oglach, no h ain-  
the, no do Choigreach ata an taobh a stigh do  
oirsibh: Oir an fe laithibh do rinn an Tighearna  
mh agus Tallamh, an Fhairge, agus gach ni ata  
a, agus do ghabh fe comhnuidh an feachda la;  
e shin do bheannuigh an Tighearna la na Saboide,  
do naomhuigh fe e.

VIII. Tabhair onoir do t Athair, agus do d'-Mhathair,  
m gu Sinfichte do laithe air an Fhearran do bheir  
Tighearna do Dhia dhuit.

I. Na dean marbhadh.

II. Na dean Adhaltrannas.

III. Na dean Goid.

IX. Na dean fianais bhreige ann aghaidh do  
bimhearsain.

X. Na smuain dhuit-fein Araois. no teach do  
bimhearsain, na smuain dhuit fein Bean do Choimh-  
sain no Oglach, no Bhean-Oglach, no Dhamh,  
Affail, no aon-ni eille bhuinneas do d' Choimhear-  
ch.

Uis Urnuighe an Tighearna.

**A**R n Athair ata air Neamh gu ma beannui  
t ainm, gu tigeadh do Rìoghachd, gu deant  
do thoill air Tallamh mar ata i air Neamh, t  
dhuinn an diugh ar n Arran laitheil, agus m  
dhuinn air fiacha, mar mhaitheas sinn d'ar feich  
naibh, agus na leig ann am buairreadh sinn,  
faor sinn o Olc; Oir is leats' an Rìoghachd, a  
Chumhachd, agus a Ghloir gu sìorruidhe. *Ar*

A Chreid.

**C**REIDDIM ann an Dia an t Athair  
chumhachdach Crúthai'-fhear Neamh a  
Talmhann: Agus ann an Iosa Crìost aon M  
fan, air Tighearna neach do ghabhadh leis  
Spiorad naomh, do rugadh le Muire Oighe,  
fhuilling baish faoi Phontius Philait, do cheul  
do fhuair bas, do Adhlacadh, do chaidh fios

*\* D'fhuirrighe se ann  
staid na marbh, agus  
faoi chumhachd a bhais  
gu nuig an treas la.*

Ifrionn, do eirigh  
an \* treas la on a n  
bhaibh, do chaidh  
air Neamh, do fhu  
air deas-laimh Dhe

Athair uille chumh  
dach; a's shin do thig se thabhairt breithe  
nas air bheothaibh, agus air mharbhaibh: Cr  
dim ann san Spiorad-naomh: gu bheil Eagl  
naomh gu h uillidh an, Co'-chummun  
naoimh, Maitheamhnas nam peacaidh, A  
eirigh na Colla, agus a Bheatha-shuthain. *Ar*



Mo bheath', mo neart, 's mo dhochas buan,  
 Ann bheill mo thearmunn treun ;  
 Cho tuit me, 's tu gam chonbhall suas,  
 Dhia eist gu gradd re m'eigh.

---

### Air thoiseach air biadh.

**B**Thighearna pheacaidh sinne a t agbaidh,  
 agus air an abhar Shin chaill sinn air coir  
 tiolaca air bith, gidheadh ghabh thussa truas  
 sinn, agus thu lon dhuinn ; a Thighearna deo-  
 nuich dhuinn a ghabhail gu meallara, agus le  
 uidheachas, agus dean Sinne le gnathacha na  
 leadhona sho na beatha, ni's ionchuidh ar-son  
 o Sheirbhis fein trid Josa Criost. Amen.

---

### An deigh bidh.

**B**Uidheachas dhuits' o Thighearna ar-son  
 Criost, agus ar son gach beannacha thug  
 thu dhuinn maille ris, buidheachas dhuits' a  
 heathaigh air cuirp, aon san ams', o biodh an  
 tiolaca sho na thoiseach air tiolaicigh is mo, agus  
 s fearr, air nan ullamhachd dhuinn ann an  
 Criost, agus deonuich dhuinn saothaireacha arson  
 n-bhidh nach teirric, ach a mhairreas chum na  
 beatha mhairrean-aigh trid Josa Criost. Amen.

*Clar dh'inshis dhuit ainm rann no Cai  
bidil, araon le literibh agus figuribh,  
O aon gu mile, &c.*

Aon, da, tri, ceathair, cuig, se, seacht

i, ii, iii, iv, v, vi, vii,

1, 2, 3, 4, 5, 6, 7,

Ochd, naoi, deich, fichid, deich is fichid

viii, ix, x, xx, xxx,

8, 9, 10, 20, 30,

Da fhichid, deich is da fhichid, tri-fichid

xl, l, lx,

40, 50, 60,

Deich is tri fichid, Ceathair fichid,

lxx, lxxx,

70, 80,

Deich is Ceathair fichid, Ceud, da cheud

xc, c, cc,

90, 100, 200,

Tri cheud, Ceathair cheud, cuig cheud

ccc, cccc, D,

300, 400, 500,

Mile.

M.

1000.

no Car  
ribb,


leac  
iii,


fic


fichid

lx,  
60,  
id,

mend  
c,  
end







XV

2-

